



COMUNH NA GÀIDHLIG

Aithisg Bhliadhnail
2001-2002

Tha e na amas CNAG Inbhe Thèarainte a bhuinning dhan Gàidhlig, agus an cànan ath-bheòthachadh agus a leasachadh, le bhith ag obair cuide ri buidhnean eile, gu sònraichte ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, leasachaidhean cultarail agus coimhearsnachd.

"Tha e an rùn Riaghaltas na h-Alba a Ghàidhlig a chumail beò fallain airson na ginealaich a tha ri thighinn"

Alasdair Moireasdan BPA, Ministear na Gàidhlig – Dàmhair 2001

"Le gabhail ris na molaidhean aig aithisg Buidheann Comhairleachaidh an Riaghaltais air Gàidhlig "Cothrom Ùr don Ghàidhlig" agus na ro-innleachdan planaidh mìnichte am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, bidh Riaghaltas na h-Alba toirt cothrom da-rìreabh air mairsinneachd is ath-bheòthachadh na Gàidhlig. Bidh e toirt ùghdarrais do choimhearsnachd na Gàidhlig a creideas na cànan is na cultar fhèin a chur an gnìomh, ach bidh e cuideachd a' frithealach uallaich Riaghaltas na h-Alba bhith dìon ia a' glèidheadh pàirt àraid de dhualchas nàiseanta na h-Alba."

"...ann a bhith toirt a' phlana seo gu buil dh'fhaodadh Alba tighinn gu ìre bhith na samhail eadar nàiseanta airson deagh chleachdaidh ann an gnìomh a tha mu choinneimh an iomadh coimhearsnachd mhion-chànanach bheag air feadh na h-Eòrpa."

Bho Aithisg BCARAG – Cèitean 2002

"Chan eil mi a' smaoinichadh gun cuireadh e iongnadh air duine sam bith gu bheil an Aithisg (BCARAG) a' sireadh stòras a bharrachd airson Gàidhlig. Tha molaidhean eile ann cuideachd agus bidh mi coimhead riutha sin nuair a bhios mi dèanamh rannsachadh air cosgaisean. 'S math dh'fhaoidte gum bidh dòigh ann gabhail ri cuid de mholaidhean an Àrd Oll. Meek le bhith ag atharrachadh cuid de na goireasan a tha stèidhichte."

Micheal MacBhatair, Ministear na Gàidhlig – Giblean 2002

Leasachadh Coimhearsnachd agus Cultar

- A' maoineachadh 47 pròiseactan leasachaidh Gàidhlig luach £125,000 a' gabhail a-staigh Taigh Dhonnchaidh, Nis; Geàrranan, Càrlabhadh; Cearcall a' Tuath, Cataibh; Griomasaigh, Uibhist a' Tuath; Ionad Ìle, Ìle; Am Baile, a Ghaidhealtachd' An Fhèis Ghaidhealach; Fèis Cheilteach Innse Gall; Fèis Taobh an Iar Ghlaschu; Sgoiltean Samhraidh Rinn Friù is Phàislig agus Cluicheadairean Dhùn Èideann.
- Ag ullachadh iris ùr "Fàilte" air Turasachd Chultarail.
- A' brosnachadh agus ag àrdachadh inbhe Sgeama Soidhnichean Dà-Chànanach a' gabhail a-staigh an leasachadh ùr aig Port Adhair Steòrnabhaigh, cabhlach Mhic a' Bhruthainn agus Scotrail.
- Aithisgean gu Roinnean den Riaghaltas a' gabhail a-staigh Aithisg Roinn an Riaghaltais air Cultar, na Meadhanan agus Spòrs air Craoladh Gàidhlig, gu Oifis a' Chlàradair air an Aithisg Ghàidhlig airson Cunntas-Sluaigh 2001, agus gu Roinn nan Ealan, Cultar agus Dualchas air buileachadh Cùmhnant Eòrpach nam Mion Chànan agus gu Maoin Cothroman Ùra air am poileasaidh air pròiseactan Gàidhlig do chloinn fo-aois sgoile.
- A' stèidheachadh Sgeama Gàidhlig sa Choimhearsnachd, a bha a' gabhail a-staigh a' Ghaidhealtachd 's na h-Eileanan, còmhla ri 3 ùghdarrasan ionadail agus 8 Buidhnean Iomairt Ionadail agus HISTP, agus a' faighinn dearbhadh air taic airgid luach £797,000 airson pròiseactan choimhearsnachd Gàidhlig tharais air trì bliadhna.
- Riochdachadh CNAG air Baile Fàilte; Sgeama Dhuaisean nam Mìle Bliadhna; LEADER+ comataidhean comhairleachaidh ionadail (nan Eilean Siar agus an Eilean Sgitheanaich) agus a' Ghaidhealtachd; Am Baile; Ionad Ìle agus Ionad Gàidhlig Glaschu

Òigridh

- Crìoch air a chur air Plana Trì Bliadhna dha na Sradagan 2002-2005.
- Cuideachadh ga toirt le bhith stèidheachadh buidhnean ùra Shradagan san Òban, Baile Ùr an t-Slèibh, Ìle, Glaschu agus Cill Mhearnaig.
- 11 làithean spòrs eadar-bhuidhnean air an cur air dòigh.
- A' gabhail pàirt ann an 32 seisean cur seachadan bhuidhnean.
- A' cur air dòigh 15 iomairt trèanaidh do luchd-stiùiridh agus iomairtean trèanaidh eadar-bhuidhnean.
- Dà Champa Shamhraidh agus aon phrògram samhraidh air an cumail.
- Foillseachadh 4 irisean den chuairt-litir "An t-Sradag".
- An co-bhonn ri Tosg, a' toirt cuideachaidh agus taice don Phanto Nollaig a tadhail air 25 àite.

- Ag ullachadh airson clann à Leòdhas agus à Inbhir Pheofharain a dhol gu Iurosgoil 2001 ann an coimhearsnachd Ladin san Eadailt.

Ann an aithisg Bhliadhna an uiridh chuir mu fàilte air gealladh an Riaghaltais "*gum bidh 2001 a' faicinn teannaidh ùir air a' Ghàidhlig*" mar a nochdadh e le Alasdair Moireasdan, a bha Ministear na Gàidhlig aig an àm, nuair a dh'fhoillsich e gun robh e a' stèidheachadh Buidheann Comhairleachaidh an Riaghaltais air Gàidhlig leis an t-Àrd Oll Dòmhnall Meek mar Chathraiche. Coltach ris a h-uile daoine eile air am bheil iomagain mun Ghàidhlig, tha mi a' cur fàilte air Aithisg na Buidhne agus tha mi an dòchas gum foillsich Mìcheal MacBhathair BPA, am Ministear ùr Gàidhlig, a' bheachdan is a mholaidhean air a dh' aithghearr. Tha an ùine a' ruith ma tha sinn gu dèanamh cinnteach nach bi an cànan am measg na 6000 a thèid à bith ro dheireadh na linne. Tha mi an dòchas gun dèan am Ministear adhartas gun dàil agus gur e an Achd Ghàidhlig, ris am bheil sin air a bhith a' feitheamh bho chionn fhada, an ath fhoillseachadh oifigeil a chì sinn, oir tha sinn uile an co-aonta gu bheil seo deatamach gus inbhe thèarainte fhaighinn dhan chànan.

Màiri Bremner, Cathraiche Comunn na Gàidhlig

- Tha eadar 60-65% de dhaoine air feadh an t-saoghail a cleachdadh co-dhiù 2 chànan nam beatha làitheil.
- Tha 50m duine air feadh na Roinn Eòrpa a' cleachdadh cànan eile seach cànan oifigeil na duthcha sa bheil iad a' fuireach.
- Thèid mu 6000 cànan à bith san linn seo.
- Bha na h-àireamhan chloinne a bhiodh gan teagasg tro mheadhan na Gàidhlig gu bhith air an àrdachadh gach bliadhna gu 1,500 ron bhliadhna 2012 – mu timcheall 2% den àireamh iomlan airson foghlam ann an Alba, chan ann mar a tha an-dràsta aig 0.35%, ma bha an lùdachadh ann an luchd-labhairt Gàidhlig gu bhith air a stad.

Roi-innleachd agus Foillseachadh

- A' toirt taic agus seirbheis comhairleachaidh do Bhuidheann Comhairleachaidh an Riaghaltais air Gàidhlig.
- A' toirt ùghdarras airson Rannsachadh air Foillseachadh Gàidhlig agus ag ullachadh Co-Labhairt gus beachdachadh air molaidhean Aithisg EKOS.
- A' toirt taic sheirbheis do Bhuidheann Eadar-Phàrtaidh an Riaghaltais air Gàidhlig.
- A' stiùireadh an ullachaidh gus Cùmhnant Eòrpach nam Mion Chànan a chur an gnìomh.
- A' cur air dòigh Còmhdhail 2001 ann an Dùn Èidinn.

- Coinneamhan le Seòras Foulkes, Ministear na Stàit aig Oifis na h-Alba, Peadar Peacock BPA, Iar-Mhinistear air Ionmhas agus Mìcheal MacBhatair BPA, Ministear na Gàidhlig.
- Frithealadh agus a' gabhail pàirt ann an Co-Labhairtean air Mion Chànan ann an Cardiff, san Òlaind agus ann an Glaschu.

Foghlam

- Nearthachadh suidheachadh Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig tro bhith ag ullachadh agus a' sgaoileadh fiosrachaidh, toirt taic do phàrantan agus ag iomairt airson an tuilleadh luchd-teagaisg.
- A' frithealadh 6 Fèiltean Dhreuchdan air feadh na dùthcha.
- Toirt taice agus cuideachaidh do Deasbad Nàiseanta BT airson Àrd Sgoiltean.
- Leabhar-latha Gàidhlig agus dà-chànanach airson àrd-sgoile agus bun-sgoile air an deasachadh.
- Co-òrdanachadh Co-labhairt Nàiseanta do phàrantan air foghlam Àrd Sgoile.
- Cruthachadh agus ag ùrachadh làrach-lìn do phàrantan.
- A' cur air dòigh cothrom ionnsachaidh ann an Cataibh airson oileanaich air feadh Alba a tha frithealadh nan cùrsaichean bogaidh.
- A' frithealadh làithean sònraichte Gàidhlig ann an diofar Àrd Sgoiltean, Bun Sgoiltean agus choimhearsnachdan.
- A' cuideachadh oileanaich nan Oilthighean agus nan Colaistean le greisean gnìomhachais, taic airgid agus seirbheisean fiosrachaidh.

A dh'aindeoin bliadhna eile de mhì-chinnt, a' feitheamh ri Aithisg Buidheann Comhairleachaidh an Riaghaltais air Gàidhlig, tha mi toilichte a ràdh gu bheil a' bhliadhna air a bhith soirbheachail a thaobh targaidean, buidseatan agus ar coilionadh cunnraidh. Cuideachd shoirbhich leinn le bhith a' co-obrachadh le buidheann eile mar na h-ochd buidheann iomairt ionadail agus na trì ùghdarrasan ionadail, oir fhuair sinn moladh bho HISP airson airgead Eòrpach fhaighinn. Tha sgeama a-nis againn air bhonn luach £790,000 thairis air trì bliadhna, a bheil taic airgid do dh' iomairtean ann an coimhearsnachdan Gàidhlig. Bho chionn ghoirid tha oifigearan leasachaidh air a bhith air am fastadh anns an h-Eileanan Siar, sa Ghaidhealtachd agus ann an Earra Ghaidheal is Bhòid agus bidh cothrom aig coimhearsnachdan Gàidhlig iarrtasan airson taic-airgid do phròiseactan a chur a-staigh fon Sgeama.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri dùbhlain na bliadhna a tha romhainn agus ri bhith ag obair a-rèir mar a roghnaicheas am Bòrd Stiùiridh againn gus cinnt a dhèanamh gun tèid an toirt air adhart ann an dòigh a bheir buannachd don chànan is don dualchas.

Bu math leum taing a toirt do luchd obrach ChNAG airson an dìcheall is an saothair thairis na bliadhna ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun dreachadh amasan an coilionadh – agus seo a dh' aindeoin lùdachadh luchd-obrach agus mì-chinnt mu leasachaidhean Gàidhlig san fharsaingeachd. Tha mi mothachail cuideachd air taic agus

comhairle a fhuair sinn bho Bhuill a' Bhùird. Tha an taic a tha a' toirt gu saor-thoileach do dh' obair ChNAG gu tric a' dol gun fhiosta. Tha sinn uile an dòchas gur i 2003 mu dheireadh thall a' bhliadhna a bheir dhuinn "*teannadh ùr air a' Ghàidhlig*".

Dòmhnall Màrtainn Ceannard Ionaid

Chaidh Comunn na Gàidhlig (CNAG) a stèidheachadh ann an 1984, a leasachadh agus a cho-òrdanachadh cùisean Gàidhlig mu choinneimh molaidhean san aithisg Cor na Gàidhlig (1982). Tha a h-uile buidheann a tha an sàs ann an aiseirigh na Gàidhlig air an riochdachadh air Bòrd Stiùiridh ChNAG, nam measg Iomairt na Gàidhealtachd na Gàidhlig airson am beachdan a libhrigeadh 's a chuir air adhart.

Tha innleachd is poileasaidh ChNAG air an stiùireadh le Bòrd a tha a' coinneachadh dà uair sa bhliadhna. Tha Buidheann Gnìomh a' Chathraiche, air am bheil an Cathraiche fhèin, an t-Iar Chathraiche, an Ceannard agus co-dhiù ceathrar dhen Bhòrd-stiùiridh, a coinneachadh a h-uile dà mhìos, (neo mar a tha feum) a' chumail sùil air gnothaichean sam bheil CNAG an sàs agus a bheachdachadh gu mionaideach air poileasaidh is rianachd.

CNAG Bòrd Stiùiridh 2001-2002(*Buill Buidheann Gnìomh)

Bh. Ph. M Bremner (Cathraiche)*	Comhairle nan Eilean Siar
Mghr. Boyd Robadasan (Iar Chathraiche)*	Bòrd na Ceiltis
Mghr. Ailean Peutan*	Comhairle na Gaidhealtachd
Mghr. Iain MacLeòid*	Comann nam Pàrant (Nàiseanta)
An t-Oll. Fearchar Mac an Tòisich CBE	Cathraiche, Urras Sabhal Mòr Ostaig
Mghr. Bernie M. Scott OBE*	Comhairle Lannraig a Tuath
Mghr. Pàdraig Mac an t-Saoir	Ceann-suidhe, An Comunn Gaidhealach
Mghr. Mata MacÌomhair	Cathraiche, CCG (gu Dùbhlachd 2001)
Mghr. Iain MacAsgaill	Cathraiche, CCG (bhon Fhaoilleach 2002)
An t-Oll. A. MacMhaoirn	Cathraiche, CNSA
Mghr. I. MacLeòid	Aonadh nan Croitearan
Bh. Uas. I NicIllinnein	Neach-Deasachaidh, Craoladh nan Gaidheal
Mghr. I. Dòmhnallach	Cathraiche, Fèisean nan Gaidheal
An t-Oll. S. Black*	Iomairt na Gaidhealtachd is nan Eilean (bhon Fhaoilleach 2001)
Mghr. Daibhidh Smillie	Iomairt na Gaidhealtachd is nan Eilean (bhon Dàmhair 2001)
Mghr. Ridseard MacBhàthair	Cathraiche, CLÌ

Buill co-thaghte

Mghr. Dòmhnall Dòmhnallach*	Ionad Àros, Port Rìgh
-----------------------------	-----------------------

An t-Oll Seòras Hendry*
Mghr. Rob Dunbar*
An t-Ard Oll Dòmhnall Meek

Comann nam Pàrant
Oilthigh Ghlaschu
Oilthigh Obar Dheathain

Prìomh Luchd-obrach

Ailean Caimbeul

Ceannard, CNAG
(air iasad cosnaidh gu BCARAG)

Dòmhnall Màrtainn

Ceannard-Ionaid

Mairead NicÌomhair

Foghlam

Cairistiona Cheanadach

Òighridh & Foillseachadh

Faodar tuilleadh bhall is luchd-fianais a chur ris a seo mar a tha iomchaidh. Tha luchd-fianais, a' riochdachadh an Riaghaltais, SAC agus cuid de na buidhnean air an ainmeachadh gu h-àrd, cuideachd a' frithealadh choinneamhan rè na bliadhna.

Luchd-fianais:

Mghr Daibhidh Boag, Mghr Francis Brewis, Mghr Murachadh MacÌomhair, Mghr Calum MacIlleain, An t-Oll Tormod MacGillÌosa, Mghr Iain A MacAoidh, Bh. Uas. Morag Anna Nicleòid, Mghr Alasdair Macleòid, Mghr Fionnlagh MacLeòid, Mghr Donnachadh MacGuairre MBE HMI, Mghr D I MacSuain, Mghr Peadar Morgan, Mghr Seumas Tough.

Comunn na Gàdhlig
5 Caolshràid Mhicheil
Inbhir Nis IV2 3HQ
Fòn: 01463 324138 Facs: 01463 237470
Post-d: oifis@cnag.org.uk

www.cnag.org.uk



2002